



**Libheadan
mara na
h-Alba**



1
Tha an cearban a'
tadhal air uisgeachan
costa na h-Alba, gu
sònraichte an cost' an
iar as t-samhradh, is
iad air am faicinn as
trice anns an Lùnastal.



Bha uair ann nuair a bhathas a' sealg a' chearbain far costa na h-Alba, ach o 1998 tha e air a bhith na ghnè fo dhìon. A-nis, tha luchd-rannsachaidh air dà 'bhad-tionail' a lorg far cost' an iar na h-Alba a tha air leth cudromach don chearban, mar a tha Cailean Speedie ag aithris

2
A' sealg a' chearbain,
Eilean Arainn, 1770.


3
Tha an cearban
gnìomhach fad na
bliadhna. Anns a'
gheamhradh, bidh iad
a' dol cho domhainn ri
900m airson gròtham
san doimhneachd ithe.

Bha uisgeachan cost' an iar na h-Alba riamh na dhachaigh don chearban, an darna iasg as motha anns an doimhneachd. Mar as trice, thig sgaothan dhiubh tràth as t-samhradh, nuair a chithear gan snàmh aig an uachdar, a' biathadh air pailteas den ghròtham beaga a tha a' cinntinn aig an àm sin. Tha an 'cleachdadh' seo, a bhith 'a' grianachadh' aig an uachdar a' ciallachadh gu bheil iad rim faicinn, ach cuideachd a' ciallachadh gun robh iad, thairis air na linntean, fosgailte do shealgairich.

Chaidh a' chiad chunntas mun chearban ann an cuantan na h-Alba a sgrìobhadh anns na 1760an, nuair a bha a' chiad iomairt iasgachd a tha clàraichte san dùthaich ag obair bho Eilean Chanaigh. Bha muinntir na sgìre a' sealg a' chearbain bho eathraichean a' cleachdadh thradhan-làimhe. Ged nach robh an iasgachd seo buannachdail, an ceann greiseag bha feadhainn eile ann eadar Sealtainn agus Arainn anns an Linne Chluaidh. Bha na sealgairich air tòir na h-ola ri lorg ann an grùthan a' chearbain, a dh'fhaodadh a bhith a' dèanamh an àirde cairteal a' chuideim. Bha an ola gu math luachmhor aig an àm, is i air a chleachdadh ann an làmpaichean, ach cuideachd mar shàbh do spadagan goirt.

Lean sealg a' chearbain air fad dà linn, mus deach e am meud gu mòr eadar na 1930an agus na 1950an. Bha àireamhan mòra de chearbanan ann, agus bha sealgairich bhon Linne Chluaidh agus bhon Chuan Sgith a' togail orra gu muir air tòir ola a' ghrùthain. Bha fèill mhòr air aig an àm seo mar ola airson innealan grinn agus plèanaichean, is e air a reic aig prìsean àrda air feadh an t-saoghail.

Mu dheireadh thall, ge-tà, dh'fhàilig an duais sheilg seo. Bha pàirt aig gainnead chearbanan, sìde chaochlaideach agus prìsean ola a bha a' tuiteam uile ann, ach chuir droch cho-dhùnaidhean gnìomhachais ris cuideachd. Dh'fhàg mòran de na sealgairich – gu sònraichte an sgrìobhadair nàdair iomraiteach Gabhan MacSual – cunntasan a tha gu math furasta a leughadh air na tachartasan aca, anns an robh fiosrachadh luachmhor air na prìomh raointean seilg air an do thadhail iad grunn thursan.





Obair sgrùdaidh

Leth-cheud bliadhna às dèidh seo, agus an cearban a-nis fo dhion ann an uisgeachan na h-Alba, chuir urrasan fiadh-bheatha na dùthcha pròiseact chearbanan air dòigh a' sgrùdadh na dearbh cuantan a bha cho buannachdail dhan sealgairean. Am biodh àireamhan mòra den chearban ann fhathast, agus am biodh prìomh àiteachan ann far an robh na sealgairean an tòir nan sgaothan mòra? Tha staitistic a' dearbhadh gun d'fhuaras 81,639 cearbanan ann an ceann an ear-thuath a' Chuain Shiar eadar 1952 agus 2004 – ionnsaigh eagalach air gnè cho tearc.

Fhuaras caochladh thoraidhean às dèidh còig bliadhna de sgrùdaidhean air slighean suidhichte, 956 uairean de dh'obair sgrùdaidh uile gu lèir. Anns an Linne Chluaidh, a bha cudromach gu h-eachdraidheil, chunnaic sinn glè bheag de chearbanan aig an uachdar. 'S e briseadh-dùil a bha ann nach fhaca sinn ach cearban no dhà an siud 's an seo, ach ann an aon àite beag timcheall air Àird MhicLaomainn. Ach bha cùisean uile gu lèir eadar-dhealaichte anns a' Chuain Sgith. Chunnaic sinn cearbanan air feadh an àite, agus aig dà àite shònraichte bha sinn gu cunbhalach a' clàradh àireamhan a bha gu h-iongantach àrd.

Gu h-inntinneach, bha a' chiad àite dhen fheadhainn seo mu thimcheall Eilean Chanaigh, far an do thòisich sgeulachd na seilge. Eadar Canaigh agus taigh-solais Òigh-sgeir gu deas, chlàr sinn faisg air trì cearbanan anns gach uair-

sgrùdaidh, ìre shoirbheis gu math àrd. Aig an darna àite, timcheall Eilean Cholla, chunnaic sinn faisg air dà chearban gach uair. Aig gach làrach, bha na cearbanan gu tric an sàs anns na tha eòlaichean a' tuigsinn mar ghiùlan suirghe, far an robh buidhnean dhiubh a' snàmh faisg air a chèile, gu tric a' suathadh ri chèile. Bha iad cuideachd a' leum a-mach às an uisge, is thathas a' creidsinn gu bheil seo ceangailte ri suirghe cuideachd. A bharrachd air seo, chlàr sinn sgaothan mòra anns an dà àite – 50 aig Òigh-sgeir agus 73 aig Eilean Cholla. Mar thoradh air seo, chomharraich sinn an dà làraich mar 'bhadan-tionail' do chearbanan.

A-nis is gu bheil an cearban fo dhion, tha làithean na seilge seachad. Ach chan eil sin a' ciallachadh gu bheil an libheadan sèimh seo sàbhailte, mar a tha tachartasan bho àiteachan eile timcheall na RA a' sealltainn. Tha seo gu sònraichte fìor nuair a tha an cearban ann an cunnart mar thoradh air mac-an-duine – a' snàmh aig, no faisg air, an uachdar. Ma dh'fhaoidte gun tèid cearbanan amaladh ann an lìontan iasgaich no ròpaichean chlàibh, mar eisimpleir, no tha iad ann an cunnart bho bhàtaichean a dh'fhaodadh am bualadh no dragh a chur orra. Gu fortanach, cha robh mòran fianais airson sin rè an sgrùdaidh, ach chunnacas fianais air feadhainn de na cearbanan gun robh iad agus bàta air bualadh a-steach air a chèile, gach fear dhiubh faisg air 'bad-tionail' Eilean Cholla.

4

Ma chì thu cearban,
faodaidh tu fios fhàgail
aig [www.mcsuk.org/
sightings/
baskingshark.php](http://www.mcsuk.org/sightings/baskingshark.php)




Mòr-chòrdte aig luchd-tadhail

Gu toilichte, tha sealgairean eadar-dhealaichte a' sireadh nan cearban an-diugh. Tha an cearban na phàirt cudromach de dh'eag-thurasachd na h-Alba, a' còrdadh gu mòr ri luchd-turais agus sgioban-film bho air feadh an t-saoghail. Mar sin, thathar a' brosnachadh chompanaidhean eag-thurasachd coimeirsealta cùrsa trèanaidh 'WiSe' a fhrithealadh (www.wisescheme.org), a bhios a' moladh dhòighean sàbhailte, seasmhach cearbanan a choimhead.

Tha na cùrsaichean a' brosnachadh Scottish Marine Wildlife Watching Code (faic www.marinecode.org/scottish-marine-code-g.asp), le comhairle shònraichte mu bhith a' toirt an aire do chearbanan faisg air na 'badan-tionail'. Tha SNH air bileagan agus mapaichean dìonach a leasachadh is iad ag amas air bàtaichean cur-seachad a dh'fhaodadh a bhith a' tadhal air na badan seo. Tha molaidhean simplidh orra mu bhith ri faire agus a' seòladh aig astar sàbhailte, an dà chuid airson a' chearbain agus airson a' bhàta agus muinntir air bòrd.

A-nis, chuir eachdraidh car. Faodaidh sinn tlachd a ghabhail ann an sealladh mhiorbhaileach an libheadain mhòir far cost' an iar na h-Alba, faisg air an àite far an deach brath a ghabhail air an toiseach. Agus mar thoradh air ceumannan glèidhteachais a tha a-nis stèidhichte, faodaidh sin a bhith an ìre mhath cinnteach gum bi e mar seo gu brath tuilleadh, is gum faigh na ginealaichean ri teachd an aon chothrom an cearban fhaicinn far am bu chòir dha a bhith.



Ìulan a' chearbain

'S e an cearban an darna iasg as motha air an t-saoghal, air deireadh air a' mhuc-chearban. Dh'fhaodadh gum bi e cho fada ri 12m agus cho trom ri 7 tunnaichean, is, mar sin, tha e cho mòr ri bus!

Gheibhear an cearban anns gach cuan meadhanach blàth air an t-saoghal. 'S e am beathach as motha a bhios a' tadhal air Breatann gu cunbhalach a tha anns a' chearbain, ach tha e slaodach agus chan eil e cunnartach do dhaoine.

Tha rannsachadh-luirge saideil ùr a' sealltainn gum bi an cearban a' dèanamh air uisge nas doimhne sa gheamhradh, ged a bhios cearbanan comharraichte uaireannan ri imrichean fada do dh'àiteachan ris nach eil dùil.

Ann an aon suidheachadh, chaidh cearban a chaidh a chomharradh faisg air Eilean Mhanainn tarsainn air a' Chuan Shiar, is e a' tighinn an uachdar faisg air Talamh an Èisg. Ann an sgrùdadh eile, shnàmh cearban a chaidh a chomharradh far Florida sna Stàitean Aonaichte gu deas, thairis air a' mheadhan-chearcail faisg air Brasil.

Bidh an cearban ag ithe milleanan de ghròtham, seòrsa de charran beag. Fhad 's a tha an cearban a' snàmh, bidh uisge a' dol tron bheul mhòr aige agus a-mach tro chòig giùranan, far an tèid an gròtham a tha làn lùtha, a shìoladh. Thathas a' creidsinn gu bheil e comasach dhaibh 1,800 tunna a shìoladh gach uair – gu leòr airson amar-snàimh a lionadh!

Bidh iad a' snàmh nan aonar, ach 's e beathaichean sòisealta a tha annta is iad a' tighinn còmhla mar bhuidhinn, mar as trice ann an àireamhan beaga (tri no ceithir) ach uaireannan suas gu 50 no fiù 's 100 cearban fa leth.

Chan ann òg is a bhios an cearban a' gineadh, is an cearban fireann a' tighinn gu ìre mu 15 bliadhna a dh'aois (5.5–7 meatairean) is an cearban boireann a' tighinn gu ìre eadar 18 agus 20 bliadhna a dh'aois (8–9 meatairean). Às dèidh greis torrachais cho fada ri 18 mìosan, beirear còig no sia 'cuileanan' beò mu 1.4–1.6 meatairean. Ma dh'fhaoidte gum bi iad beò 50 bliadhna.